

Mo smuaintidh talmhuidh tog gu neamh,  
 Is thoir dhamh earlas air do ghradh,  
 A dh' fhogras m' eagal uile uam,  
 'S a shaoras mi o uambunn bais.

'N sin atadh tonna borb a chuain,  
 Is beuchda' torrann chruaidh nan speur ;  
 Thigeadh crith-thalpuin, gort, is plaigh,  
 Bhios roinn a bhais gach taobh a theid.

Bi thus' a' d' Dhia do manam fein,  
 'S bidh iad gu leir dhomh 'n eairdeas graidh ;  
 Cha loisg an tein' gun ordugh uait,  
 Cha sluig an cuin, 's cha sgrios a phlaigh ;

Am feadh bhios cumhachd ann a d' laimh,  
 Bidh mise sabhailt o gach ole :  
 'S cha 'n eagal leam gu 'm bi mi 'n di,  
 Gu siorruidh, na gu 'm fas thu bochd.

Mo dhuthrachd, m' eagal, 's m' uile mhian,  
 A' m' Dhia tha comhlachadh gu' leir ;  
 Oir neamh, is talamh, 's ifrinn shios,  
 Ata iad do nio Righs' aig geill.

**CRIOCH.**